

**Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 6mh dhen Dùbhlachd 2020**  
**Dara Sàbaid na h-Aidbheinne**  
**Ùrnaigh aig 7f**

“Thugaibh comhfhurtachd, thugaibh comhfhurtachd dom shluagh-sa, deir ur Dia.” Labhair Dia, agus thug am facal a labhair e comhfhurtachd do shluagh Dhè. Tha am facal air a labhair dhan fheadhainn a tha gun chumhachd, dhan fheadhainn a tha sàraichte agus claidhte. Mar sin, tha faclan Isaiah gar toirt a-mach dhan fhàsach, agus ma dh’èistean sinn le cridheachan fosgailte, cluinnidh sinn guth an tì a ghlaodhas anns an fhàsach: “Ullaichibh slighe an Tighearna ; rèitichibh anns an dìthreabh slighe àrd dar Dia-ne.” Fiù ’s anns an fhàsach, tha sinn air ar gairm gus ullachadh a dhèanamh, gus am faiceamaid làthaireachd Dhè air ath-nuadhachadh nar measg. (Isaiah 40: 1 - 11).

Tha na faclan sin air an togail a-rithist aig toiseach Soisegul Mharcuis, le teachdaire a’ foillseachadh teachd Ìosa Crìosd. Anns gach linn, agus anns gach ginealach, cluinnear an guth, ma dh’èistean sinn le cridheachan fosgailte. (Marcus 1: 1- 8). Labhair Dia agus b’e am facal a labhair e comhfhurtachd dhuinn nar latha agus nar linn. Teannaidh sinn dlùth ris an fhacal a labhair e dhuinn tro ar Slànaighear Ìosa Crìosd.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò,  
an-diugh, ann an Àm na h-Aidhbheinne,  
labhair rinn le comhfhurtachd,  
labhair rinn gus an cluinneamaid,  
agus gus an lorgamaid comhfhurtachd agus neart as ùr.  
A Thighearna, na do thròcair.  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
an-diugh, ann an Àm na h-Aidhbheinne,  
labhair rinn, agus sinn a’ feuchainn ri comharraidhean nan aimsir a thuigsinn.  
Labhair rinn, gus an tuigeamaid iad,  
agus gum faigheamaid eòlas, fiù ’s ann an laithean doirbh, air do làthaireachd  
air ath-nuadhachadh nar measg.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
an-diugh, ann an Àm na h-Aidbheinne,  
labhair rinn san fhàsach,  
labhair rinn ann an àiteachan cruaidh,  
agus cuir nar cuimhne na h-amannan anns an do choinnich thu rinn.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
an-diugh, ann an Àm na h-Aidbheinne.  
labhair rinn gun ionnsachamaid mu na glinn air an àrdachadh,  
mu na slèibhtean agus na cnuic air an ìsleachadh airson ullachadh do shlighe,  
agus gum foillseachamaid teachd an Tighearna a-rithist!  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
an-diugh, aig Àm na h-Aidbheinne,  
labhair riutha a tha aonaranach agus fo bhròn.  
labhair riutha a tha fo chùram agus fo eagal,  
agus treòraich sinn, mar a threòraicheas am buachaille, Ìosa Crìosd ar  
Tighearna, a threud.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,  
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte  
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam  
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an  
Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan  
Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais  
Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla  
ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)